

BÒRD NA GÀIDHLIG

**Geàrr-chunntas bho coinneamh a' Bhùird-stiùiridh
Diciadain 23/09/2020 aig 09.30
Tro MS Teams**

**Minutes of the Board meeting
Wednesday 23/09/2020 at 09.30
Via MS Teams**

Buill an làthair :

Màiri T NicAonghais (MTNA) [Cathraiche]
Ailean Caimbeul (AC)
Dòmhnull MacLeòid (DML)
Jennifer Gilmour (JG)
Johan Nic a' Ghobhainn (JNG)
Stewart MacLeod (StML)

Members present:

Mary T MacInnes (MTMI) [Chair]
Allan Campbell (AC)
Donald MacLeod (DML)
Jennifer Gilmour (JG)
Johan Smith (JS)
Stewart MacLeod (StML)

A' frithealadh:

Luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig

Shona Nicllinnein, Ceannard (SNI)
Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhairsnachd (DB)
Ailig Greumach, Ceann Roinn an Ionmhais (AG)
Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlam Gàidhlig (SW)
Carol Niclain, Clàradh Geàrr-chunntas (CNI)
Orla NicDòmhnaill (tréanadh air clàradh geàrr-chunntais) (OND)
Karlyn Watt, Deloitte (Puing 7)

In attendance:

Bòrd na Gàidhlig staff

Shona MacLennan, Ceannard (SML)
David Boag, Director of Language Planning & Community Development (DB)
Alex Graham, Head of Finance (AG)
Jim Whannel, Director of Gaelic Education (JW)
Carol Johnson, Recording Minute (CJ)
Orla MacDonald (training in minute taking) (OMD)
Karlyn Watt, Deloitte (Item 7)

CÙISEAN TÒISEACHAIDH

OPENING ITEMS

Fàilte is Leisgeulan

Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh.

Welcome & Apologies

The Chair welcomed everybody to the meeting.

Leisgeulan

Cha robh gin ri chlàradh.

Apologies

None

A' Nochdadh Chom-pàirtean

MTNA: Ceòlas

AC: An Comunn Gàidhealach agus Am Mòd Nàiseanta Rìoghail.

Disclosure of Interests

MTMI: Ceòlas

AC: An Comunn Gàidhealach and the Royal National Mod.

Geàrr-chunntas na coinneamh air 25/05/2020

Chaidh geàrr-chunntas na coinneamh aontachadh leis na Buill.

Minutes of meeting 25/05/2020

Minutes of the meeting were approved.

1.5	<p>Puingean Gniomh Ghabh Buill FA-NEAR don fhiosrachadh anns a' chlàr-ghniomhan. Tha duilgheadasan teicnigeach le bhith a' luchdachadh suas sgrìobhainnean air duilgheadasan adhbharachadh, ach thathas a' sgrùdadh seo gus a' chùis a cheartachadh.</p> <p>Gniomh: Chaidh ùrachaidhean nas mionaidiche iarraidh airson clàran gniomh bho choinneamhan, a' gabhail a-steach clàran-ama crìochnachaидh tuairmsichte far a bheil gniomhan air dheireadh.</p>	<p>Points of Action Members NOTED the information in the actions log. Technical difficulties in uploading documents has caused problems, but this is being investigated to rectify the issue.</p> <p>Action: More detailed updates were requested for the actions listings from meetings, including projected completion timescales where actions were overdue.</p>
1.6	<p>Cùisean a thog ceann bho na coinneamhan nach eil air a' chlàr-ghnothaich Chan eil gin.</p>	<p>Matters arising from the meetings not included on the agenda None.</p>
1.7	<p>Co-dhùnaidhean eadar coinneamhan Ghabh na buill FA-NEAR do na co-dhùnaidhean eadar coinneamhan.</p>	<p>Decisions between meetings The interim decisions were NOTED.</p>
1.8	<p>Clàradh chuspairean a tha rin togail fo GISBE Cha deach cuspair sam bith a chlàradh.</p>	<p>Recording topics to be covered under AOCB None.</p>
2.0	<p>GEÀRR-CHUNNTASAN NAN COMATAIDHEAN IS NA BUIDHNE-STIÙRIDH</p>	<p>MINUTES FROM THE COMMITTEES AND THE STEERING GROUP</p>
2.1	<p>PT1 Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd (Dreachd)</p>	<p>PT1 Audit & Assurance Committee (Draft)</p>
	<p>PT2 Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan (Dreachd)</p>	<p>PT2 Policy & Resources Committee (Draft)</p>
	<p>PT3 Buidheann-stiùridh a' Phlana Leasachaидh (Dreachd)</p> <p>Co-dhùnadh Ghabh na Buill FA-NEAR don fhiosrachadh anns na dreachd gheàrr-chunntasan.</p>	<p>PT3 Improvement Plan Steering Group (Draft)</p> <p>Decision: Members NOTED the information in the draft minutes.</p>
3.0	<p>AITHRIS A' CHATHRAICHE</p>	<p>CHAIR'S REPORT</p>
	<p>Lìbrig MTNA aithisg labhairteach. Dh'iarr na buill ùrachadh mionaideach bhon Chathraiche air builean nan coinneamhan a chaidh a chumail o chionn ghoirid.</p> <p>Gniomh: Bheir an Cathraiche fiosrachadh bho na coinneamhan o chionn ghoirid do Bhuill a' Bhùird san teachdaireachd ùrachaidh cunbalach aice.</p>	<p>MTMI delivered a verbal report. Members requested an update on key messages from the Chair on the outcomes of recent meetings.</p> <p>Action: The Chair will provide a briefing from the recent meetings for all Board Members in her regular update message.</p>
4.0	<p>COVID-19</p>	<p>COVID-19</p>
	<p>Fios às Ùr</p>	<p>Update</p>

	<p>Chaidh deasbad a chumail air buaidh Covid-19. Bha seo a' gabhail a-steach buannachdan agus dùblain bhon obair a bharrachd a bh' ann mar thoradh air COVID-19, toraidhean aig sgrùdadh air sunnd an luchd-obrach agus beachdan air mar a dh'fhaodadh na dùblain fàs nas mothà mar as fhaide a mhaireas an suidheachadh le Covid-19.</p>	<p>Discussion took place on COVID-19 impact. This included the benefits and challenges of additional work due to COVID-19, the results of the staff wellbeing survey and views on the challenges potentially increasing the longer Covid-19 continues.</p>
	<p>Mhol Buill coinneamh a bharrachd den Bhòrd-stiùiridh a chumail san t-Samhain gus sùil ro-innleachdail a thoirt air co-dhùnadh sam bith a thaobh prìomhachasan ann an dàimh ri bhith a' criochnachadh na h-obrach air an toir Covid-19 buaidh ann an 2020-21, agus a thaobh na buaidh air luchd-obrach.</p> <p>Gniomh: Coinneamh a bharrachd aig a' Bhòrd-stiùiridh gu bhith air a cumail gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air gniomhan a' Phlana Ghniomh.</p>	<p>Members recommended holding an additional meeting of the Board in November to look strategically at any decisions regarding prioritisation on completion of work to be impacted by Covid-19 in 2020-21, and impact on staff.</p> <p>Action: Additional board meeting to be held for reviewing Operational Plan actions.</p>
5.0	AITHRIS A' CHEANNAIRD	CEO REPORT
	Thug buill FA-NEAR don fhiosrachadh bhon aithris a thug an Ceannard seachad.	Members NOTED the information from the CEO's briefing.
6.0	LEASACHADH NA BUIDHNE	ORGANISATIONAL DEVELOPMENT
	<p>Stiùireadh Atharrachadh An dèidh fiosrachadh nas mionaidiche iarraidh air a' Cheannard mu phàirten dhen aithisg, bheachdaich na buill air na roghainnean a chaidh a thaisbeanadh le SNI.</p> <p>Co-dhùnadh: DH'AONTAICH na buill gum biodh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd (CSD) a' cumail sùil air a' phròiseas airson stiùireadh atharrachadh, a' gabhail a-steach a bhith ag ullachadh sònraichadh. DH'AONTAICH buill cuideachd ri pròiseas airson eòlas air stiùireadh atharrachadh a lorg, agus dh'iarr iad gun deidheadh ceuman sònraichte a bharrachd a thoirt a-steach don phròiseas sin.</p> <p>Gniomh: SNI gus dreach phlana stiùireadh atharrachaидh fhaighinn bhon chùmhantaiche; agus bruidhinn ris an luchd-sgrùdaidh agus agus CSD gus dearbhadh an gabh iad ris a' phlana. Ma tha an fhreagairt fàbharach, thèid leantainn air adhart le molaidhean an cùmhantaiche. Mura h-eil, thèid sònraichadh taigse airson stiùireadh atharrachadh a chur air Cùmhnantan Poblach na h-Alba gus companaidh eile a lorg.</p>	<p>Change Management Members sought more detailed information on elements of the report before discussing the options presented by SML.</p> <p>Decision: Members AGREED that the Audit and Assurance Committee would oversee the process for change management, including development of the specification. Members also AGREED the process for sourcing change management expertise, and requested that specific additional steps be incorporated into that process.</p> <p>Action: SML to source outline change management plan from contractor; and consult with external auditors and AAC to verify acceptance of the plan. If response is satisfactory, the proposals submitted by the contractor will be progressed. If not, a change management tender specification is to be placed on Public Contracts Scotland to source an alternative company.</p>
7.0	AITHISG BHLIADHNAIL IS CUNNTASAN	ANNUAL REPORT AND ACCOUNTS
7.1	Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan 2019-20	Annual Report and Accounts 2019-20
		<i>(Thàining KW a-steach)</i>
		<i>(KW joined)</i>

PT1	<p>Aithisg Luchd-Sgrùdaidh on Taobh a Muigh</p> <p>Chuir an Cathraiche fàilte air KW chun na coinneimh agus thug i taing do a co-obraichean aig Deloitte airson na h-obrach a rinneadh tron bhliadhna. Dhaingnich KW gun deach na h-atharrachaidhean deireannach iomchaidh uile a dhèanamh air aithisg ISA260. Chaidh a thoirt fa-near gun robh adhartas mòr air a bhith ann, le 62 de na 72 molaidhean bhon Phlana Leasachaide (PL) a-nis crìochnaichte, agus gu bheil plana ùraichte ga dhealbhadh an-dràsta a bheir cunntas air gach nì a tha fhathast ri choileanadh agus le molaidhean na bliadhna seo.</p> <p>Dh'íarr KW air Buill to note gur e an gniomh as èiginniche a bha fhathast ri dhèanamh a bhith a' faighinn taic le stiùireadh atharrachadh don bhuidhinn, ris a bheil am Bòrd-stiùridh a' dèiligeadh an-dràsta.</p> <p>Thug na buill FA-NEAR don aithisg.</p>	<p>External Audit Report</p> <p>Chair welcomed KW to the meeting and thanked colleagues at Deloitte for the work carried out throughout the year. KW confirmed that all final appropriate adjustments have now been made to the ISA260 report. It was noted that there was substantial progress, with 62 of the 72 recommendations from the Improvement Plan (IP) completed, and that a revised plan is now being devised which will detail outstanding items and this year's recommendations.</p> <p>KW asked Members to note that the most urgent action outstanding was regarding the development of change management support for the organisation, which the Board is currently addressing.</p> <p>The Members NOTED the report.</p>
PT2	Aithisg Bhliadhnlai na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd 2019/20	Annual report from the Audit and Assurance Committee 2019/20
PT3	Aithisg Bhliadhnlai na Comataidh Poileasaidh is Goireasan 2019/20	Annual report from the Policy and Resources Committee 2019/20
PT4	Fiosrachadh air na Cunntasan Bhliadhnlai 2019/20	Notes on the Annual Accounts 2019/20
PT5	An Aithisg Bhliadhnlai agus Cunntasan 2019/20	Annual Report and Accounts 2019/20
	<p>Rinn Buill sgrùdadh air na h-aithisgean bliadhnlai bho Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan agus Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd. Bheachdaich iad air atharrachaidhean beaga do dh'Aithisg Bhliadhnlai is Cunntasan 2019/20.</p> <p>Thuirt AG gun robh an toradh ionmhasail air a bhith riarrachail airson na bliadhna, agus gur e easbhaidh nam peinnsean an aon t-adhbhar dragh. Mhol na buill meud agus farsaingeachd na h-obrach a rinn a' bhuidheann, cho math ri leasachaidean mòra taobh a-staigh na buidhne, agus thug an Cathraiche taing don luchd-obrach airson bliadhna chudromach eile de dh'obair leasachaidean.</p> <p>Bhathar an dòchas gum biodh cothrom air a thoirt do bhuill beachdachadh air an fiosrachadh ann an aithisg ISA260 Deloitte, ma bha feum air, nuair a bhithear a' coimhead ris a' PL.</p> <p>Co-dhùnadh:</p> <p>DH'AONTAICH buill ris an Aithisg Bhliadhnlai is Cunntasan leis na h-atharrachaidhean a chaidh a dheasbad.</p> <p>Gniomh:</p>	<p>Members reviewed the annual reports from the Audit and Assurance Committee and the Policy and Resources Committee. They discussed minor amendments to the Annual Report and Accounts 2019/20.</p> <p>AG reported that the financial outturn had been satisfactory for the year, with the issue of pension deficit being the only area of concern. The volume and range of work delivered by the organisation, in conjunction with substantial improvements internally, were commended by members and the Chair thanked the staff for another significant year of development.</p> <p>It was hoped that an opportunity to consider the information presented in the ISA260 Deloitte Report, if necessary, would be afforded members when considering the new IP.</p> <p>Decision:</p> <p>Members APPROVED the Annual Report and Accounts with amendments discussed.</p> <p>Action:</p>

	SNI gus ùine a riarrachadh air clàr-gnothaich na h-ath-bhliadhna (2021/22) gus an gabh beachdachadh air aithisg ISA260 aig Deloitte leis a' Bhòrd-stiùridh iomlan ann am barrachd doimhneachd.	SML to allocate time in next year's agenda (2021/22) for the Deloitte ISA260 report to be discussed more fully with the full Board.
7.2	<p>Litir-dhearbhaidh airson nan Cunntasan</p> <p>Co-dhùnadh: Thug buill FA-NEAR don litir-dhearbhaidh atharraichte mar a chaidh a thaisbeanadh.</p> <p>Thug an Cathraiche taing do KW airson a bhith a' gabhail pàirt anns a' choinneimh. (Dh'fhàg KW a' choinneamh)</p>	<p>Letter of Representation for the Accounts</p> <p>Decision: Members NOTED the amended letter of representation as presented. Chair thanked KW for her contribution to the meeting. (KW left the meeting)</p>
8.0	MAOINEACHADH	FUNDING
8.1	<p>Iarrtasan TaicChuir DB na molaidhean maoineachaidh a leanas air adhart.</p> <p>Taigh-cluich Eden Court - £45k Oilthigh Heriot-Watt - £15k</p> <p>Co-dhùnadh: DH'AONTAICH buill ris na molaidhean maoineachaidh mar a chaidh a thaisbeanadh.</p>	<p>Funding DB presented the recommendations for the following funding.</p> <p>Eden Court Theatre - £45k Heriot-Watt University - £15k</p> <p>Decision: Members APPROVED the funding recommendations as presented.</p>
8.2	<p>Spòrs Gàidhlig Thaisbean DB na molaidhean airson targaidean atharraichte chun a' Mhàirt 2021 airson pròiseact Spòrs Gàidhlig, mar thoradh air buaidh Covid-19 air ìre-cleachdaidh na seirbheis le sgoiltean.</p> <p>Co-dhùnadh DH'AONTAICH buill ris na targaidean-pròiseact ùr chun a' Mhàirt 2021.</p> <p>Gniomh: DB gus moladh do Spòrs Gàidhlig gun deasaich iad modal gniomhachais ùr a tha a' gabhail a-steach buaidh Covid-19.</p>	<p>Spòrs Gàidhlig DB presented the recommendations for amended targets to March 2021 for the Spòrs Gàidhlig project, in light of Covid-19 impact on the uptake by schools.</p> <p>Decision: Members APPROVED the new project targets to March 2021.</p> <p>Action: DB to recommend Spòrs Gàidhlig develop a new business model considering Covid-19 implications.</p>
8.3	<p>Speak Gaelic</p> <p>Co-dhùnadh DH'AONTAICH buill ri maoineachadh de £100k do MG ALBA airson pròiseact SpeakGaelic.</p>	<p>Speak Gaelic</p> <p>Decision: Members APPROVED funding of £100k to MGALBA for the SpeakGaelic project.</p>
9.0	GISBE	AOCB

	Cha robh nì sam bith eile ri dheasbad.	There were no further items for discussion.
	Thug an Cathraiche taing don a h-uile duine, is dhùin i a' choinneamh aig 12.35	The Chair thanked everyone and closed the meeting at 12.35.
	Geàrr-chunntas bho choinneamh a' Bhùird-stiùiridh Diciadain 23/09/2020 aig 13.30 Tro MS Teams	Minutes of the Board meeting Wednesday 23/09/2020 at 13.30 Via MS Teams
10.0	TOISEACH AN T-SEISEIN FHOSGAILTE:	OPEN SESSION START
10.1	Fàilte bhon Chathraiche Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh seo de Bhòrd na Gàidhlig a tha fosgailte don phoball.	Welcome The Chair welcomed all to this meeting of Bòrd na Gàidhlig open to the public.
10.2	Làthaireachd is Leisgeulan	Attendance & Apologies
	<p>Buill an làthair : Màiri T NicAonghais (MTNA) [Cathraiche] Ailean Caimbeul (AC) Dòmhnull MacLeòid (DML) Jennifer Gilmour (JG) Johan Nic a' Ghobhainn (JNG) Stewart MacLeòid (StML)</p> <p>A' frithealadh: Luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig Shona Nicllinnein, Ceannard (SNI) Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhairsnachd (DB) Ailig Greumach, Ceann Roinn an Ionmhais (AG) Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlam Gàidhlig (SW) Carol Niclain, Clàradh Geàrr-chunntas (CNI) Louise Niclleathan, Manaidear Ghniomhan (LNI) Orla NicDhòmhnaill (trèanadh air clàradh geàrr-chunntais) (OND)</p> <p>Leisgeulan: Cha robh leisgeulan ann ri chlàradh.</p>	<p>Members present: Mary T MacInnes (MTMI) [Chair] Allan Campbell (AC) Donald MacLeod (DML) Jennifer Gilmour (JG) Johan Smith (JS) Stewart MacLeod (StML)</p> <p>In attendance: Bòrd na Gàidhlig staff Shona MacLennan, Ceannard (SML) David Boag, Director of Language Planning & Community Development (DB) Alex Graham, Head of Finance (AG) Jim Whannel, Director of Gaelic Education (JW) Carol Johnson, Recording Minute (CJ) Louise MacLean, Operations Manager (LML) Orla MacDonald (training in minute taking) (OMD)</p> <p>Apologies: No apologies were recorded.</p>
10.3	A' nochdadh chom-pàirtean AC – An Comunn Gàidhealach/Am Mòd Nàiseanta Rìoghail	Declarations of interest AC – An Comunn Gàidhealach/The Royal National Mod

	DML – CNES MTNA – Ceòlas	DML – CNES MTMI – Ceòlas
11.0	IONMHAS	FINANCE
11.1	<p>Buidseat 20/21 air Ùrachadh</p> <p>Chuir AG na molaidean buidseit ùraichte air adhart airson 2020-21. Thog StML ceist mun dà mholadh bhon Phlana Leasachaидh gus buidseatan a cheangal nas dlùithe ris a' Phlana Chorporra, agus cuideachd mu na builean a tha loidhnichean buidseit ag amas air cur air adhart. Dhaingnich AG gu bheil iad sin air an criochnachadh gu ire, le obair a' leantainn air togail fianais agus an ceangal ri builean.</p> <p>Thatar ag ullachadh plana ionmhasail meadhan-ùine a bheir sùil ro-innleachdail air dleastanasan reachdail a' Bhùird. Chaidh deasbad a barrachd a chumail mu chuideam air cosgaisean ruith agus mun cho-dhùnadh a rinneadh roimhe gus stad a chur air a bhith ag ullachadh na cùis gnìomhachais agus chaidh aontachadh tòiseachadh air cùis gnìomhachais ullachadh airson maoineachadh a bharrachd iarraidh bho Riaghaltas na h-Alba.</p> <p>Co-dhùnadh:</p> <p>GHABH na Buill ris na h-atharrachaidhean don bhuidseat mar a chaidh moladh.</p>	<p>Revised Budget 20/21</p> <p>AG presented the revised budget proposal for 2020-21. StML queried the two recommendations from the Improvement Plan to tie budgets more closely with the Corporate Plan, and also outcomes which budget lines aim to progress. AG confirmed that these are partly completed, with work continuing on the evidencing and link to outcomes.</p> <p>A medium-term financial plan is being developed which will look strategically at the Board's statutory responsibilities. Further discussion took place on running cost pressures and the decision previously taken by to pause the business case and it was agreed to now resume preparation of a business case for additional funding from Scottish Government.</p> <p>Decision:</p> <p>Members APPROVED the budget revisions as recommended.</p>
11.2	<p>Aithisg Ionmhais gu 31/07/2020</p> <p>Chuir AG an aithisg ionmhais air adhart agus dhearbhach e gu bheil an Sgiobastìùiridh riaraichte leis an t-suidheachadh ionmhais aig am àm seo, gu bheil iad a' cumail sùil gheur air buaidh Covid-19 air cosgaisean leasachaидh, agus gum bi iad a' conaltradh leis a' Bhòrd mu dheidhinn ma thig cùis sam bith am bàrr.</p> <p>Co-dhùnadh</p> <p>Thug na Buill FA-NEAR don aithisg mar a chaidh a thaisbeanadh.</p>	<p>Finance Report to 31/07/2020</p> <p>AG presented the finance report and confirmed that the Leadership Team is currently satisfied with the financial position, that they are closely monitoring impact of Covid-19 on development costs, and will liaise with the Board accordingly should any issues arise.</p> <p>Decision:</p> <p>Members NOTED the report as presented.</p>
12.0	PLANA GNÌOMH IS COILEANADH	OPERATIONAL PLAN AND PERFORMANCE
	<p>Coileanadh a' Phlana Gníomh 20-21 gu 31/07/2020</p> <p>Chaidh deasbad a chumail air a' phàipear a chuir SNI air adhart. Thèid buaidh COVID-19 agus na priomhachasan a tha a' tighinn am bàrr a dheasbad leis a' Bhòrd-stìùiridh aig coinneamh san àm ri teachd. Bha Buill toilichte leis na h-atharrachaidhean a chaidh a chur an sàs gu ruige seo ach bha iad ag aithneachadh gum feumar sùil gheur a chumail air ceistean leantainneach a thaobh roinnean nan Tràth-bhliadhnaichean</p>	<p>Operational Plan 19-20 Out-turn to 31/07/2020</p> <p>Discussion took place on the paper presented by SML. The impact of COVID-19 and emerging priorities will be discussed with the Board at a future meeting. Members were pleased with the amendments put in place to date but recognised that continuing issues with Early Years sectors requires close</p>

	<p>leis gu bheilar a' sìreadh fhuasglaidhean iomchaidh agus gan deasbad le buidhnean com-pàirteachaidh.</p> <p>Co-dhùnadh: Thug na Buill FA-NEAR don aithisg mar a chaidh a taisbeanadh.</p> <p>Gniomh: Tha an Sgioba-stiùiridh gus pàipear ullachadh mu cho-dhùnaidhean air phriomhachasan gus amasan a' Phlana Ghniomh a bhuleachadh ann an 2020-21 airson gum beachdaich am Bòrd air san t-Samhain no san Dùblachd 2020.</p>	<p>monitoring as suitable solutions are being sought and discussed with partner organisations.</p> <p>Decision: Members NOTED the report as presented.</p> <p>Action: Leadership Team to prepare a paper for decisions on priorities in implementation of Operational Plan objectives in 2020-21 for the Board's consideration in November or December 2020.</p>
13.0	ADHARTAS NAS LUAITHE	FASTER RATE OF PROGRESS
	<p>Thug DB fiosrachadh seachad mu iomairt Adhartais nas Luaithe, is an aithisg bhon choinneimh air 02/09/2020. Thatтар a' moladh gun lean co-obrachadh gus dèanamh cinnteach gun dèanar barrachd adhartais leis na h-iomairtean làithreach.</p> <p>Thug na buill fa-near gum bi barrachd com-pàirteachadh coimhairsnachd ann mar thoradh air na planaichean airson a bhith a' measadh a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig làithrich agus mhol iad gun deidheadh gach cothrom a lorg airson com-pàirteachadh coimhairsnachd.</p> <p>Co-dhùnadh: Thug na Buill FA-NEAR don fiosrachadh anns a' phàipear.</p>	<p>DB gave a briefing on the Faster Rate of Progress initiative and the meeting report from 02/09/2020. Continued collaborative working is being recommended to ensure further progress is made on current initiatives.</p> <p>Members noted that further community engagement will come from the plans for evaluation of the current National Gaelic Language Plan and recommended that all possible opportunities for community engagement be pursued.</p> <p>Decision: Members NOTED the information in the paper.</p>
14.0	AM PLANA NÀISEANTA	THE NATIONAL PLAN
	<p>Thug DB fiosrachadh seachad air a' chlàr-ama airson a bhith ag ullachadh a' cheathramh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig, leis an dreachd gu bhith deiseil airson a bhith air a mheas leis a' Bhòrd sa Chèitean 2022.</p> <p>Co-dhùnadh: DH'AONTAICH buill ris na molaidhean airson a bhith a' deisealachadh an ath Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig airson 2023-28 mar a chaidh a thaisbeanadh.</p>	<p>DB gave a briefing on the timescale for the development of the fourth National Gaelic Language Plan, with the draft to be ready for consideration by Board in May 2022.</p> <p>Decision: Members APPROVED the proposals for the development of the next National Gaelic Language Plan 2023-28 as presented.</p>
15.0	LEASACHADH NA BUIDHNE	ORGANISATIONAL DEVELOPMENT
15.1	Am Plana Leasachaidh Thug JG am fios as ùire do Bhuill mu adhartas leis a' Phlana Leasachaidh (PL) gu ruige seo. Tha còmhraidhean dùblanach air a bhith ann, ach thug Buill fa-near gu bheil adhartas susbainteach air a bhith ann, mar a chaidh aithneachadh anns an aithisg	Improvement Plan JG briefed Members on progress to date with the Improvement Plan (IP). Challenging conversations have taken place, but Members noted that progress has been substantial, as recognised in the annual audit report for

	<p>sgrùdaidh bhliadhnaill airson 2019-20. Tha dreach ùr den PL ga dheasachadh an-dràsta, air an tèid beachdachadh aig an ath choinneimh de Bhuidheann-stìùiridh a' Phlana Leasachaidh.</p> <p>Leis a' Phlana Leasachaidh ùr, is urrainnear sùil nas mionaidiche a chumail air moladh sam bith a tha fhathast ri coileanadh agus bheir e a-steach molaidhean bhon aithisg sgrùdaidh bhliadhnaill airson 2019-20</p> <p><u>Co-dhùnadh</u> Thug na buill FA-NEAR don phiosrachadh sa phàipear.</p>	<p>2019-20. A new version of the IP is currently under development, which will be considered at the next meeting of the Improvement Plan Steering Group.</p> <p>The new IP will allow a more focused monitoring of any outstanding recommendations and incorporate recommendations from the annual audit report for 2019-20.</p> <p><u>Decision:</u> Members NOTED the information in the paper.</p>
15.2	<p>Èifeachdas a' Bhùird-stìùiridh Bheachdaich Buill air a' phàipear, a tha air feart a thoirt air toraidhean sgrùdadha sgilean nam Ball. Thug an Cathraiche fa-near gu bheil uallach obrach mòr aig na Buill an-dràsta ach tha i an dùil gun tèid seo a lùghdachadh nuair a thèid triùir Bhall ùra fhastadh.</p> <p><u>Co-dhùnadh</u> DH'AONTAICH na buill ris a' phàipear.</p> <p><u>Gniomh:</u> Dh'iarr SNI gun clàraich na Buill an ùine a bheir iad air obair BhnG thairis air an ath dhà mhìos gus an tog iad stòr fianais.</p>	<p>Board Effectiveness Members discussed the paper, which has taken into consideration the findings of the Members' skills audit. The Chair noted that Members currently have a significant workload but anticipates the recruitment of three new Members should help alleviate this.</p> <p><u>Decision:</u> Members APPROVED the paper.</p> <p><u>Action:</u> SML requested that Members record the time they spend on BnG work over the next two months to build an evidence base.</p>
15.3	<p>Aonta Frèama Bheachdaich na Buill air an Sgrìobhainn Frèam-obrach ùraichte a tha a' mineachadh an aonta eadar Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba.</p> <p><u>Co-dhùnadh</u> DH'AONTAICH na buill ris an sgrìobhainn le aon atharrachadh.</p> <p><u>Gniomh:</u> SNI gus am facal "committee" a chur ri puing 12 anns an Aonta Frèam-obrach.</p>	<p>Framework Document Members considered the updated Framework Document which outlines the agreement between Bòrd na Gàidhlig and Scottish Government.</p> <p><u>Decision:</u> Members APPROVED the document with one amendment.</p> <p><u>Action:</u> SML to add the word "committee" to point 12 of the Framework Agreement.</p>
15.4	<p>Sgeama Ùghdarris Tiomnaichte Mhìnich SNI na h-atharrachaidhean air na crìochan cead mar a tha air am mineachadh san sgeama a chaidh a thaisbeanadh. Leis gu bheil na siostaman ionmhais airson tabhartasan ùghdarrachadh stèidhichte gu math agus fhathast a' faighinn deagh bheachd sgrùdaidh, tha SNI air na crìochan tiomnaichte a mheudachadh gus tuilleadh dhleastanasan a cheadachadh don Sgioba-stìùiridh.</p>	<p>Scheme of Delegated Authority SML detailed the amendments to the approval limits as set out in the scheme presented. As financial systems for grant authorisation are well established and continue to deliver a good audit opinion, SML has increased the delegated limits to allow further responsibility to the Leadership Team.</p>

	Co-dhùnadh Thug na buill FA-NEAR dhan fhiorsachadh sa phàipear.	Decision: Members NOTED the information in the paper.
16.0	RIANACHD MHÌ-CHINNTEAN Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail Bheachdaich na Buill air a' chlàr mhì-chinntean. Chaidh moladh gun rachadh econamaidh a chur gu 3.2 agus thugadh fa-near gun deach buaidh agus sgòradh coltachd aig 1.1 atharrachadh ma seach. Co-dhùnadh GHABH na Buill ris a' Chlàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail leis na h-atharrachaidhean a chaidh a chlàradh.	RISK MANAGEMENT Strategic Risk Register Members discussed the risk register. The addition of economy to 3.2 was recommended and noted that impact and likelihood scoring at 1.1 was reversed. Decision Members APPROVED the Strategic Risk Register with noted amendments.
17.0	PLANA OBRACH A' BHÙIRD-STIÙIRIDH Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh Bheachdaich Buill air a' phlana obrach. Bu chòir atharrachadh gus buaidh COVID-19 agus an ire ath-sgrùdaichte airson tagraighean maoineachaidh a chur ann. Co-dhùnadh GHABH na Buill ris a' Chlàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail leis na h-atharrachaidhean a chaidh a chlàradh.	BOARD WORKPLAN Board Workplan Members discussed the workplan which should be amended to include COVID-19 impact and revised level for funding applications. Decision Members APPROVED the Board Workplan with noted amendments.
15.00	GISBE Cha robh gin ri clàradh.	AOCB None to note.
16.0	CEANN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH Cumar an ath choinneamh air 02/12/2020. Thug an Cathraiche taing don na h-uile duine airson a bhith a' gabhail pàirt sa choinneimh, agus thug i taing dhaibhsan a bha a' coimhead agus ag èisteachd air-loidhne airson a bhith a' nochdadh uidh. Dhùin i a' choinneamh aig 16.00.	DATE OF NEXT MEETING the next scheduled meeting is on 02/12/2020. Chair thanked all for their contribution, and those watching and listening online for their interest and closed the meeting at 16.00